

## LEIRMHEAS AIR TACHARTASAN ANNS A' BHLIADHNA 2005/06

### TARGAIDEAN

1. Se bliadhna air leth trang a bha anns a' bhliadhna 2004/5. A bharrachd air a bhith gabhail compàirt ann a bhith toirt fianais agus fiosrachadh do **Chomataidh an Fhoghlaim** leis a' rannsachadh a rinn iad air **Bile na Gàidhlig** thug sinn air adhart sgrùdadh air dleastanasan agus structar Chomunn na Gàidhlig aig ìre a' Bhùird agus ìre oifigearan. Lean sinn air adhart le bhith a' riaghladh **Sgeama Gàidhlig sa Choimhearsnachd, Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach 2004** far an d' fhuair 23 oileanach àite agus chur sinn air chois **Sgeama Luchd Ceumnachaidh** thug cothrom obrach do shianar luchd ceumnachaidh anns nan Eilean Siar. Thairis air a' bhliadhna rinn sinn air leth math ann a bhith coilionadh ar amasan agus ar targaidean fo cùmhnant Iomairt na Gaidhealtachd agus bha 39 de na targaidean air an coilionadh no na b'fheàrr agus 4 targaidean far an robh iad air am pàirt coilionadh.

### BILE NA GÀIDHLIG

2. As dèidh dhuinn fiosrachadh sgrìobhte a chur gu **Comataidh an Fhoghlaim** fhuair sinn cuireadh a dhol a thoirt fianais mu choinneamh a' Chomataidh aig coinneamh ann an Sabhal Mòr Ostaig air 30mh Samhain 2004. Thug an Cathraiche, an Iar Chathraiche agus an Ceannard seachad fianais aig a' choinneamh airson taic a thoirt dha na bha sinn air a chur thuca ann an sgrìobhadh. As dèidh na coinneimh chaidh iarraidh oirnn tuilleadh fiosrachaidh a thoirt dhaibh air puingean a bha a' Chomataidh airson mìneachadh gu mionaideach air **atharrachaidhean a' Bhile**. Chuir sinn 13 de dh' atharraichean a-staigh airson a' Bhile gu Buill Pàrlamaid agus chaidh gabhail ri 11 dhiubh ann an aon dreach no dreach air choireigin eile. Na dhà mu dheireadh – foghlam Gàidhlig agus feumalachdan Buill Bòrd na Gàidhlig a bhith comas labhairt anns a' Ghàidhlig - cha deach gabhail riutha ach tha sinn an dòchas gun tèid gabhail riutha sin nuair a thèid am Bile dheasbad anns a' Phàrlamaid air 29mh den Ghiblean 2006.

### CRAOLADH GÀIDHLIG

3. Tha sinn a' leantainn air adhart leis an iomairt airson barrachd airgead fhaighinn airson seanal digiteach craoladh Gàidhlig. Chaidh coinneamh a chumail de na buidhnean Gàidhlig ann an Inbhir Nis air an 3mh den Mhàrt airson iomairt a cho-ordanachadh le **molaidhean gu OFCOM** airson seanail digiteach a bhitheadh air a ruith le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig. Lean sinn air adhart le bhith cuir beachdan don Riaghaltas agus gu Ministearan air a' chuspair chudromach seo agus chuir sinn air chois athchuinge air-loidhne airson taic a thoirt don iomairt. Chaidh tuilleadh bheachdan a chur a-staigh ann a freagairt a chuirear gun **Riaghaltas air a' Phaipear Uaine a bha dèanamh sgrùdadh air cùmhnant Rìoghail a' BhBC**.

## STRUCTAIREAN ÙRA

- 4 Thairis air a chuid mhòr den bhliadhna chaidh seachad bha sinn a' beachdachadh air atharrachaidhean air a' Bhòrd Stiùiridh. An dèidh dhuinn ***atharrachaidhean a dhèanamh air Bonn Stèidh na Buidhne*** choinnich am Bòrd Stiùiridh ùr airson a' chiad uair air 3mh den Mhàrt 2005. Chaidh an dà àite mu dheireadh air a' Bhòrd a lìonadh tro shanasachd agus bha sinn uamhasach toilichte agus fortanach gu robh iarrtasan làidir a-staigh airson dà thagraiche a thaghadh mar stiùirichean a' riochdachadh na h-ealain agus òigridh. Bha sinn cuideachd an sàs ann a sgrùdadh le Reference Economic Consultants a chaidh a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd. Chaidh na molaidhean a bh'anns an aithisg seo aontachadh leis a' Bhòrd Stiùiridh aig a' choinneamh anns a' Ghearran 2005 agus chaidh an aithisg a chur gu Iomairt na Gàidhealtachd agus Bòrd na Gàidhlig airson còmhradh air cho comasach a bhiodh e dhuinn barrachd airgead fhaighinn airson na molaidhean a chur an cèill.

## FOGHLAM GÀIDHLIG

- 5 Còmhla ri Comann nam Pàrant rinn sinn iomairt airson taic a thoirt do phàrantan aig a bheil clann anns an ***ionad Ghàidhlig ann am Bunsgoil Mhorair*** a bha mi-riaraichte le moladh a thàinig bho Roinn na Gàidhealtachd dà leth a dhèanamh air an ionad eadar sgoil Mhorair agus sgoil Mhallaig air sgath is gu bheil duilgheadasan aca san sgoil sin le àiteachan fhaighinn anns an togalach do sgoilearan na Gàidhlig agus sgoilearan Beurla. Se beachd ChNAG gum bu choir Roinn na Gàidhealtachd Bunsgoil Mhorair ainmeachadh mar sgoil Ghàidhlig seach gu bheil 43 mach as na 54 sgoilearan tha an dràsta anns an sgoil sin dol don ionad Ghàidhlig.

## TACHARTASAN ÒIGRIDH

- 6 An lùib na h-atharraichean ann am ***Poileasaidhean Dìon Chloinne*** tha tòrr obair air a' dhèanamh le Roinn an Òigridh ann a bhith cur an cèill na h-atharrachaidhean sin ann an siostams agus riaghailtean a thèid a mach gu stiùirichean nam buidhnean Sradagan airson dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean èifeachdach aca airson cùram na cloinne. Feumaidh barrachd trèanadh a thoirt do na stiùirichean air na riaghailtean ùra sin thairis air na mìosan a tha romhainn.

## GÀIDHLIG SA CHOIMHEARSNACHD

- 7 As dèidh am measadh a chaidh a dhèanamh air ***Gàidhlig sa Choimhearsnachd*** chaidh coinneamh a chumail do riochdairean bho na buidhnean Iomairt Ionadail, na Comhairlean Ionadail, Iomairt na Gàidhealtachd agus Bòrd na Gàidhlig airson beachdachadh air an t-slighe air adhart don sgeama an dèidh airgead an Roinn Eòrpa ruith a-mach air an 28mh den Ghearran. Tha e coimhead coltach a-niste, nach bi na buidhnean maoineachaidh airson leantainn air adhart le taic airgead airson sgeama tabhartasan bharrachd air 's docha Iomairt na Gàidhealtachd fhèin. As aonais sgeama den t-seòrsa sin thèid coinneamh a chumail agus còmhradh le na

buidhnean maoinichaidh airson beachdachadh air de freagairt a dh'fheumas CNAG a thoirt seachad do bhuidheann sam bith tha tighinn thugainn airson taic airgead le pròiseactan coimhearsnachd aig ìre ionadail.

## **SGEAMA LUCHD CEUMNACHAIDH**

- 8 As dèidh cho soirbheachail sa chaidh *sgèama luchd ceumnachaidh* anns na h-Eileanan Siar le cothrom do shianar obair fhaighinn airson dusan mìos tha sinn a' coimhead air sgeama ùr a thèid air adhart a' gabhail a steach àiteachan air taobh a muigh nan Eileanan Siar anns a bhliadhna 2005. Rud inntinneach mu dheidhinn an Sgeama a tha sinn a beachdachadh airson 2005 se gum bi cothrom aig luchd ceumnachaidh a dhol a-null a dh' Èirinn airson 3 no 4 seachdainean agus gum bi e comasach do oileanaich à Eirinn a thighinn a dh'Alba. Bhiodh an dà bhuidheann a' coinneachadh airson a' chiad seachdain aig *Ionad Loch Iall sa Ghearasdan* airson cùrsa fèin leasachaidh tron a' Ghàidhlig agus a' Ghaeilge.

*Dòmhnall Màrtainn  
Ceannard  
Steòrnabhagh  
A' Ghiblean 2005*